

Bhiobuill air an cuir an céill gu soilleir, soisgeullach, a réir bheachd “Athraichean Rois,” mar ann an leabhar an Doctair Cheannaidich, Urramaich, nach maireann. Bha ministearan tearc, oir bha ’n sluagh sgapta ’n am badanan beaga thall ’sa bhos thar mór astar, ach bha na daoine, mar a b’ fhearr a b’ urrainn daibh, “a’ cumail am mach facail na beatha”; bha frasan o’n àirde ag ùrachadh an fhuinn, agus a’n deagh àm thainig toradh trom am mach.

Ach cha d’ fhàg na daoine so an cruaidh-fhortan ’s am bochdainn ’n an deidh ’s a’ Ghaidhealtachd. Bha eiginn agus uireasbhuidh a’ feitheamh orra a’ n so, agus b’ iomadh strith a bh’ aca ri dheanamh a chumail an cinn os cionn na h-an-shocair. Dh’fhàg iad fearann cumhang, sluaghmhor; thainig iad gu fearann farsuing, beag-shluaghach. ’S an t-sean aite bha ’n daimhich ’s an càirdean fein aca. Ged bhitheadh an lòn air uairibh gann, gaoth an ear-thuath air uairibh greannach, cruaidh, bha’m fàrdach blàth le bàidh do chach a cheile. ’S an tir ùr bha lòn ri chosnadh le neart ghairdein agus spionnadh cridhe a thug cruaidh-dheuchainn air an neach a b’fhearr dhiubh. Cha d’ thainig iad o an-shocair gu socair, ach gu duthaich, gealltanach mar bha i, a bha doirbh ri h-àiteachadh.

’S lionmhor rann a chaidh dheanamh mu